

Cairt Nàiseanta na Cloinne son Cùrainn- chloinne Aois-sgoile



CLÀR-innse

Cairt Nàiseanta na Cloinne son Cùram-chloinne Aois-sgoile	3
Ar sia prionnsapalan	4
Carson a dh'fheumas sinn cùram-cloinne aois-sgoile	6
An neach no an sgioba a tha a' toirt cùram dhuinn	7
Ciamar a bu chòir cùram-cloinne aois-sgoile a ruith	9
Far a bheil cùram-cloinne aois-sgoile a' tachairt	11
A' faighinn ann is air ais	11
Cur-seachadan a bu mhiann leinn a dhèanamh	12
Tuilleadh chur-seachadan a bu mhiann leinn a dhèanamh	13
Buidheachas	14

Cairt Nàiseanta na Cloinne son Cùraim-chloinne Aois-sgoile

San t-Samhain is Dùbhlachd 2022, thadhail A Place in Childhood (ApiC) is Riaghaltas na h-Alba air còig sgoiltean is aon bhuidheann luchd-cùraim òga ann an Inbhir Pheofharain, Drochaid Sguideil, Dùn Dè, Allamhagh, Meadhan Yell, is Obar Dheathain. B' e an t-amas cairtean cloinne ionadail son cùraim-chloinne aois-sgoile ullachadh ann an co-bhonn son gach àite. Chaidh na sgìrean seo a thaghadh 's iad a' samhlachadh ris na seòrsa àitichean is eòlasan eadar-dhealaichte a lorgar air feadh Alba – bho bhailtean mòra gu sgìrean iomallach air an dùthaich. Uile gu lèir, bha 125 duine-cloinne eadar aoisean 4 is 12 an sàs, bho mheasgachadh de shuidheachaidhean teaghaich.

Gus cairtean ionadail a chruthachadh, bhruidhinn gach buidheann air mar a chruthaich iad an Club Taobh a-Muigh na Sgoile as fheàrr son an sgìre aca. Thug am frèam seo beachd dhuinn den choltas a bha a dhìth air cùram-cloinne aois-sgoile anns gach coimhearsnachd, le clann a' gabhal pàirt ann am measgachadh chur-seachadan a bheireadh sùil dhaibh air 'Càite', 'Cò dha', 'Ciamar', 'Carson' is 'Dè an dòigh' anns an obraicheadh gach club. An uair sin chleachd ApiC a h-uile rud a thuirt a' chlann gus dreachd chairte ullachadh son gach àite, is thill iad na postairean seo do na buidhnean gus am b' urrainn don chloinn a thug pàirt sùil a chur orra is dearbhadh nach deach càil a chall no a mhi-thuigse. Sgaoil fiù 's cuid a bhuidhnean na cairtean aca le clasaichean eile anns na sgoiltean aca gus an dèanamh nas fheàrr!

B' e an ath cheum a bhith a' dol bho Chairt Ionadail son gach àite, gu Cairt Nàiseanta a bheireadh stiùireadh do chùram-chloinne aois-sgoile air feadh Alba gu lèir. Gus seo a dhèanamh, thug ApiC cuireadh do cheathrar no còignear riochdairean bho gach cuid de na sia buidhnean gu Bùth-obrach Cairt Nàiseanta na Cloinne san Fhaoilleach 2023. Choinnich clann bho Allamhagh, Dùn Dè is Obar Dheathain aig Ionad Saidheans Dhùn Dè, fhad 's a ghabh Sgoil Bheinn Uais is sgiobaidhean luchd-cùraim òga ann an Inbhir Pheofharain

pàirt aig astar. Anns a' bhùth-obrach, rinn a h-uile duine beachdachadh is leasachadh air dreachd Chairt Nàiseanta a tharraing ri chèile a h-uile nì a bha an aon rud anns na Cairtean Ionadail aca. Chuir iad barrachd bheachdan is smuaintean ris, gus a dhèanamh fiù 's nas fheàrr is comasach coileanadh feumalachdan cloinne uile gu lèir air feadh na dùthcha. Bheachdaich iad cuideachd air prionnsapalan stiùiridh airson cùraim-chloinne. Gu mì-fhortanach, dh'fhàg droch aimsir an sgoil ann am Meadhan Yell dùinte, mar sin dh'ullaich ApiC bùth-obrach eile do Sgioba Yell gus am b' urrainn iad coimhead thairis obair a h-uile duine is na puingean deireannach a chur ris.

'S e seo dreach deireannach ar Cairt Nàiseanta, anns a bheil cuideachd an t-uamhas dhealbhan den obair a rinn sinn air an t-slighe.

Ar sia prionnsapalan

Dh'obraich A Place in Childhood agus Riaghaltas na h-Alba còmhla ri clann is sgoiltean air feadh Alba ann an 2022 is 2023 gus Cairt son Cùraim-chloinne Aois-sgoile ann an Alba a dhealbh. Mar phàirt dhen Chairt, dh'aontaich a' chlann ris na prionnsapalan a leanas a bhios mar bhunait dhan Chairt.

Tha e cudromach, ge be far a bheil an Cùram-cloinne Aois-sgoile, gu bheil a' chlann gu lèir a tha an sàs a' faireachdainn gu bheil spèis aig na sia prionnsapalan a leanas:

Coibhneas

(mar a tha sinn nar giùlain fhèin ri chèile)

Tha sinn a' faireachdainn gu bheil ceannardan cùraim-chloinne a' cur luach annainn, is tha seo soilleir anns na faclan is gnìomhan aca. Tha sinn air ar misneachadh a bhith coibhneil ri chèile, is gheibh thu ùine a-mach son droch ghiùlan ach cha tèid do chur a-mach!

Coimhearsnachd

(an dàimh a th' againn leis an t-saoghal a-muigh)

Tha a h-uile duine a' coimhead as dèidh a h-uile duine eile, is tha sinn ag amas a bhith ag obair mar sgioba. Tha sinn an còmhnaidh a' smaoinichadh air ar coimhearsnachd ionadail, a' lorg dhòighean obrachadh le muinntir eile na coimhearsnachd (òg is aosta) is an saoghal air fad. 'S toil leinn a bhith a' faighinn a-mach dhan choimhearsnachd ionadail airson ar cur-seachadan, is bu mhiann leinn gu mòr cothroman measgachadh le clann bho dh'àitichean eile.

Cothromachd

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil a h-uile duine air an gabhal a-steach is air an dèiligeadh leotha gu cothromach)

Tha còraichean a h-uile duine air an tuigse is a' faighinn spèis, is tha na riaghailtean is dè a tha an dùil bho gach duine air aontachadh gu soilleir leis a' chloinn anns gach àite. Tha tuigse aig ceannardan cùraim-chloinne air ciorraman is duilgheadasan faireachail, is mar sin tha a h-uile duine a' faighinn taic is a' gabhail pàirt.

Toileachas

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil a h-uile duine a' faireachdainn math)

Tha sinn a' faireachdainn math mu ar deidhinn fhèin is a' faighinn cothrom deagh bhiadh ith, fois a ghabhail, uallach a lùghdachadh, is tha cothroman againn a bhith a' cumail gnìomhach is rudan ùra fheuchainn. Tha sinn a' faireachdainn comhfhurtail an seo.

Ar sia prionnsapalan

Spòrs

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil ar cur-seachadan an còmhnaidh tlachdmhor is dùbhlanaich gu pearsanta)

Tha sinn den beachd gum bu chòir gach duine spòrs a lorg san t-saoghal. Tha feum againn air cur-seachadan a tha nan tlachd dhuinn, bhon ionnsaich sinn rudan ùra, is a bhios a' brosnachadh iongantais annainn. Tha e cudromach gu bheil seo a' faireachdainn eadar-dhealaichte ris an sgoil, is gu bheil sinn air ar n-aithneachadh is air ar duaiseachadh son ar soirbheachaidhean pearsanta. Thèid riosgan is buannachdan a chothromachadh gus a bheil ar cur-seachadan fhathast dùbhlanaich, ach aig an aon àm sàbhailte!



Roghainn

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil clann a' leantainn an co-dhùnaidhean fhèin)

Bu mhiann leinn roghainn a bhith againn anns na h-àitichean far an tèid sinn son cùraim-chloinne, son taghadh dè na cur-seachadan a thachair an sin, pàirt a ghabhail ann an cur-seachadan (no gun pàirt a ghabhail ann an cur-seachadan sam bith!), is cothroman cur-seachadan a leantainn sinn fhèin. Am measg seo tha a bhith a' gabhail pàirt ann an togail airgid, is ionnsachadh ciamar a thogas sinn dreuchdan is dleastanasan ùra fhad 's a dh'fhàsas sinn nas sine is nas eòlaich. Bu mhiann leinn cuideachd cothrom fhaighinn beachd a thoirt is daoine a bhith ag èisteachd rinn nuair a dh'fheumas bhòtadh son cheannardan, cur-seachadan, is a bhith a' dèanamh agallamhan le luchd-obrach ùra.

Carson a dh'fheumas sinn cùram-cloinne aois-sgoile

- Gus rùm a thoirt dhar pàrantan/luchd-cùraim a bhith a' dèanamh na rudan a dh'fheumas iad dèanamh, leithid obair no ionnsachadh.
- Gus a bheil àite coibhneil ann far an tèid sinn air oidhcheannan tron t-seachdain, an ceann-seachdain, saor-làithean no mur a h-eil ar teaghlaichean gu math no gu bheil iad air falbh bhon thaigh.
- Gus am faigh a h-uile duine ùine dhaibh fhèin – ùine dhuinne, dhar pàrantan is buill teaghlaich eile dèanamh na rudan a tha a' còrdadh riutha.
- 'S e àrainneachd fhallain is foiseil a th' ann. Tha seo a' cunntadh saorsainn bho uallach, dleastanasan cùraim is beatha na dachaigh son cuid dhuinn.
- Gus cruinneachadh le caraidean, coinneachadh ri caraidean ùra, is rudan eadar-dhealaichte a dhèanamh le chèile.
- Tha seo gu h-àraid cudromach do chuid dhuinn a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail no iomallach far an urrainn dhuinn a bhith astar fada bho ar caraidean.
- A bhith a' dèanamh rudan a tha a' còrdadh rinn, a' dol air tursan, a' sireadh dhùbhlanan dhuinn fhèin, is ag ionnsachadh sgilean ùra!




An neach no an sgioba a tha a' toirt cùram dhuinn

B' urrainn cùram-cloinne aois-sgoile a bhith air a ruith le aon neach, mar neach-cùram cloinne, no b' urrainn gur e hub taobh a-muigh na sgoile a th' ann leis an uamhas chur-seachadan eadar-dhealaichte. Son club, 's toil leinn am beachd gun dèigheadh a ruith le buidheann dhaoine ag obair le chèile. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh clann nas sine no seann dhaoine (a dh'fhaodadh a bhith ro lag a bhith os cionn a' chlub air fad) leantainn cuid a chur-seachadan.

Bu chòir don neach no don sgioba os cionn cùram-cloinne a bhith:


- Socair is foighidinneach. Chan eugh iad rinn is chan fhàs iad feargach.
- Cothromach, le spèis do chloinn is le crìochan is riaghailtean soilleir.
- Ullaichte
- Math air a bhith a' cruinneachadh bheachdan dhaoine mu dè a tha iad airson dèanamh is an uair sin na thoirt gu buil. Tha seo a' gabhail a-steach lorg dhaoine le sgilean nach eil acasan.
- Math air a bhith a' toirt a h-uile duine an sàs, nar cuideachadh ag obair le chèile is a bhith a' faireachdainn mar choimhearsnachd.
- Ceannard math, ach cuideachd nam pàirt den sgioba. Chan eil iad a' suidh aig a' chliathaich, is tha ùidh aca annainn is son rudan ionnsachadh bhuanainn. Bidh iad nar putadh a bhith a' dèanamh is a' coileanadh nan gnìomhan as fheàrr againn.
- Caraid anns an urrainn earbsa a ghabhail. Tha iad coibhneil, chan eil iad idir mosach, is tha dha-rìribh ùidh aca annainn. 'S urrainn dhomh innse dhaibh mu dhraghan sam bith leis gu bheil iad math air a bhith a' tuigse faireachdainnean dhaoine eile is a bhith a' toirt taic faireachail is chudailean (ma tha sinn dhan iarraidh).
- Calma is cunntasach – air an deagh thrèanadh is math air gach duine is nì a chumail sàbhailte, a' cunntadh air tursan is cuairtean nas annasaich.
- Spòrsail, èibhinn, dòigheil is dòchasail.
- Eòlach air is le spèis do na còraichean againn.



An neach no an sgioba a tha a' toirt cùram dhuinn

Am measg nan daoine aig am b' urrainn na feartan seo a bhith tha:

- Màithrean, Athraichean, is Seann-phàrantan.
- Tidsaran is Luchd-taice Sgoilearan.
- Luchd-cùraim cloinne is daoine a tha mu thràth os cionn cùraim-chloinne aois-sgoile
- Ar bràithrean is peathraichean
- Sàr-ghaisgeach no cuideigin ainmeil.
- Sinne!




Ciamar a bu chòir cùram- cloinne aois-sgoile a ruith

Maoinachadh:

- Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi pàigheadh a' freagairt ri nuair a tha pàrantan/luchd-cùram a' faighinn pàighte
- 'S urrainn pàrantan/luchd-cùram nach urrainn pàigheadh fhathast a leanabh aca a chur ann (is 's e dìreach ceannard a' chùram-chloinne no an neach-cùram cloinne aig am biodh fios nach urrainn iad pàigheadh!).
- Tha sinn airson a bhith an sàs ann an togail airgid sinn fhèin tro thabhartasan, grantaichean, iomairtean togail-airgid is oidhirpean gnìomhachais (leithid a bhith a' reic bhèiceireachd is ceàirdean).

Brosnachadh:

- A' crochadh phostairean ann an sgoiltean ionadail, bùithtean, ionadan cur-seachad, is thallaichean coimhearsnachd.
- A' cur rudan air-loidhne, mar eisimpleir air na meadhanan sòisealta is Youtube
- A' cleachdadh mhascotan – ionadail is nàiseanta. Mar eisimpleir, Tiffany an Losgann, Caoimhinn am Minion, is Ruairidh an Trobha (Bòcan Shealtainneach) / Caora
- A' toirt cloinne ionadail an sàs. Mar eisimpleir, tro bhith a' dèanamh shanasan no leabhraichean-sgeòil gus innse do dhaoine eile mu na tha ri fhaighinn is a' toirt fàilte do chloinn gu cùram-cloinne.





Ciamar a bu chòir cùram-cloinne aois-sgoile a ruith

Riaghailtean is Duaisean:

- Feumaidh iad a bhith soilleir, stèidhichte air ar prionnsapalan, is air aontachadh le clann anns gach àite. Cha bu chòir gun tèid a chaidh leigeil le burraidheachd a bhith ann.
- 'S urrainn ceannardan ar cuideachadh fàs nas fheàrr air rudan tro bhith a' toirt dhuinn fios-air-ais is duaisean nuair a tha sinn a' coisinn adhartas le ar amasan sònraichte.
- Ma 's e an neach a th' os cionn a' chùraim-chloinne pàrant/neach-cùraim cuideigin, feumaidh nach eil iad taobhach no ag innse rudan dìomhair mun chloinn aca do dhaoine eile.

Biadh:


- tha e na phàirt fìor chudromach de na bhios sinn a' dèanamh le chèile!
- Measgachadh roghainnean, a bhios a' cothromachadh biadh fallain is biadh spèisealta (m.e. pìtsa is macaroni)
- Greimeannan-bìdh! (gu h-àraid as dèidh na sgoile)
- 'S mathaid bùth bìdh, siùcairean, ach deochan milis dìreach aig àmanna sònraichte.
- Roghainnean do chloinn le miannan is feumalachdan bìdh diofraichte (m.e. iadsan a tha a' seachnadh feòla, aig a bheil ailirdsidhean no air sgàth creideimh).



Far a bheil cùram-cloinne aois-sgoile a' tachairt

Dh'fhaodadh gu bheil cùram-cloinne aois-sgoile ri lorg ann an àitichean eadar-dhealaichte anns gach pàirt de dh'Alba, is dh'fhaodadh gu bheil feum aig teaghlaichean eadar-dhealaichte air taic is àitichean eadar-dhealaichte far an tèid iad. 'S e na h-àitichean a lorg sinn a bhiodh math airson cùram-cloinne aois-sgoile:

- **Togalaichean Sgoile** – seòmraichean sgoile, pàircean spòrs, raointean-cluiche, liosan no thallaichean dìnnear. Ma tha cùram-cloinne aois-sgoile am broinn sgoile, tha e cudromach nach bidh e a' faireachdainn mar sgoil – m.e. as aonais obair sgoile sam bith (mur a tagh sinn ar obair sgoile a dhèanamh), barrachd roghainn, àitichean nas comhfhurtaile fois fhaighinn, is barrachd ghreimeannan-bìdh.
- **Ionadan Coimhearsnachd** no thallaichean baile.
- **Ionadan Cur-seachad**, a' cunntadh thallaichean spòrs, ionadan-eacarsaich is amraichean-snàimh.
- **Am Blàr a-muigh**, ann am pàircean ionadail, coilltean, liosan coimhearsnachd is làraichean nàdair eile.
- **Dachaighean Luchd-cùram Cloinne.**
- **Goireasan Bàn** nar coimhearsnachdan, leithid bhùithtean falamh.





- Am measg nan cur-seachadan a tha sinn a' moladh tha **tursan is cuairtean nas annasaich**, mar sin b' urrainn dhuinn uaireannan a dhol gu àitichean nas fhaide air falbh air a' cheann-seachdain no 's na saor-làithean, leithid thuathanasan, sùthan is taighean-tasgaidh!

A' faighinn ann is air ais

Feumaidh sinn uile faighinn gu is air ais bho chùram-cloinne aois-sgoile gu sàbhailte, mar sin tha e cudromach smaoinich air:

- 'S mathaid busaichean beaga a ruith ann an sgìrean dùthchail.
- A' cur chlubaichean ann am meadhan àitichean, gus a bheil e furasta faighinn thuca.
- A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine le feumalachdan a bharrachd leithid chiorraman fhathast air an gabhail a-steach.



Cur-seachadan a bu mhiann Leinn a dhèanamh

Tron t-seachdain, tha sinn sgìth as dèidh na sgoile is chan eil cus ùine againn. Mar sin tha sinn sa mhòr-chuid airson fois is sìth a bhith againn.

Air a' **cheann-seachdain**, bu mhiann leinn cothrom fhaighinn cadal a-steach is cur-seachadan a thòiseachadh nas fhadalaich na toiseach an latha sgoile, mar sin tha sinn a' moladh 11m – 4f. Tha barrachd ùine is spionnadh againn is mar sin bu mhiann leinn barrachd rudan a dhèanamh a-muigh is sgilean ùra ionnsachadh (m.e. cànan, còcaireachd, is coimhead as dèidh bheathaichean). Bhiodh tursan ionadail math cuideachd.

Tro na **saor-làithean sgoile**, bu mhiann leinn dèanamh na h-aon seòrsa rudan ris a' cheann-seachdain, ach tha cuideachd ùine a bharrachd againn son tursan nas fhaide (m.e. campadh), rudan ùra ionnsachadh, is pròiseactan cruthachail (m.e. a' taisbeanadh dràma).

'S iad seo na cur-seachadan a tha sinn an còmhnaidh airson a bhith ann:

- **Fois** – leughadh, a' dèanamh deilbh, a' coimhead TBh, Youtube is filmichean, norag msaa. Feumaidh rùm sàmhach a bhith ann son seo.
- **A' Faighin dhan Bhàr a-Muigh** – dhan phàirc, raon-cluiche, cuairtean, a' sreap chraoibhean, a' dol dhan choille is gàirneileachd.
- **Geamaireachd Air-loidhne** – a' cunntadh Minecraft, Fortnite is fìorachd bhiortail. Fealla-dhà a bhiodh ann seo a dhèanamh le chèile seach dìreach aig an taigh.
- **Ealainean Cruthachail is Spreigeach** – dràma, a bhith ag innse sgeulachdan, seinn, ceàirdean, a' cluich ionnsramaidean, a' dèanamh fhilmichean, pùpaidearachd, is a' dèanamh deilbh.


- **Cur-seachadan a-Staigh** – geamannan bùird, dodgeball, snùcair, geamannan bùird-chluiche, ball-coise mullach a' bhùird.
- **Biadh** – a' tadhal air bùithtean ionadail son ceannachd stuthan gus dìnnear a chòcaireachd no bèicearachd, biadh fhàs le chèile, a' dol a-mach gu dìnnear, no BBQan a bhith againn.
- **Spòrs** – ball-coise, snàmh, ball-lìn, trampoilineadh, is badmantan. Ann an sgìrean dùthchail far nach eil uimhir roghainnean faisg ri làimh, bu mhiann leinn blasad fhaighinn de chur-seachadan nach eilear a' dèanamh mar as àbhaist leithid gathanan, boghadaireachd is claidheamhaireachd.
- **Coinneachadh ri daoine ùra agus/no daoine aig a bheil an aon ùidh no eòlas**, leithid bheathaichean, saidheans, a' toirt cùram do theaghlach, no leabhraichean.



Tuilladh chur-seachadan a bu mhiann leinn a dhèanamh

Aig na cinn-seachdain is anns na saor-làithean bu mhiann leinn na rudan seo a dhèanamh cuideachd:

- **Beathaichean** – chòrdadh e gu mòr rinn cothrom fhaighinn air club beathaichean, a' raighdeadh eich, a' tadhal air tuathanasan is sùthaichean, ionnsachadh mar a bhios sinn a' coimhead às an dèidh, is mun t-saoghal nàdarrach san fharsaingeachd (m.e. mar a tha eòin a' sgèith).
- **Sgilean ùra** – cànan, sgilean beatha san fharsaingeachd, ealainean màrsaileach, còdadh, sgitheadh, a' càradh rudan, snaimeannan ròpa, draibheadh chuidan, eacarsaich is a' togail chuideaman, is gnìomhachas.
- **Tursan** – taighean-tasgaidh, tràighean, campadh, ionadan cur-seachad, tursan dhan taigh-dheilbh, is a' tadhal air clachain, bailtean is cathair-bhailtean eile.
- **Cuairtean nas annasaich** – reuladaireachd, caidheagadh, a' tadhal air eileanan, iasgach, a' sreap bheanntan, is a' sealg ulaidhean. Fìor chòrdadh e rinn iad seo uile a thoirt ri chèile san aon chuairt shònraichte!
- **Obair thogail** – chòrdadh e rinn obair-fhiodha ionnsachadh is a bhith a' togail feansaichean, dùin, dorsan, cairtean rèisidh, is rudan eile feumail no inntinneach.
- **A' dèanamh atharrachadh** – mar eisimpleir, ag obair air ath-chuairteachadh san sgìre ionadail tro Èiceo-bhuidhinn, ullachadh bucais bìdh do dhaoine aig a bheil feum orra, no a dhol an sàs ann am pròiseact dualchais tron ionnsaicheadh sinn sgeulachdan bhon choimhearsnachd is iad seo a sgrìobhadh is a ghlèidheadh dhan àm ri teachd.



Buidheachas

Bu toil le Riaghaltas na h-Alba taing a thoirt do na leanas:

Bun-sgoil Rowantree, Dùn Dè, Bun-sgoil Bheinn Uais, Inbhir Pheofharain, a' bhuidheann 'Connecting Young and Carers' ann an Inbhir Pheofharain, Bun-sgoil Kingsford, Obar Dheathain, Sgoil Mheadhan Yell, Sealtainn, Bun-sgoil Chaitligeach an Naoimh Mungan, Alamhagh.

Na buidhnean a thug taic don phròiseact seo agus a chuidich sinn gus ar bùithtean-obrach a chumail.

Bu toil leinn cuideachd taing a thoirt do Chomhairle Baile Dhùn Dè, Comhairle Baile Obar Dheathain, Comhairle Shealtainn, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann agus Ionad-saidheans Dhùn Dè airson an cuid taice, agus do dh'ionad-saidheans Dhùn Dè airson ar bùth-obrach nàiseanta a chumail.

Ge-tà, b' e a bu chudromaiche sa phròiseact seo, a' chlann, agus bu toil leinn taing a thoirt dhan a h-uile duine-cloinne, a ghabh pàirt ann an a bhith ag ullachadh Chairtean na Cloinne ionadail agus nàiseanta airson Cùraim-chloinne Aois-sgoile, airson ur cuid ealantais agus dìchill. Cha ghabhadh am pròiseact seo a thoirt gu buil às ur n-aonais.



© Crown copyright 2023

OGL

This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at www.gov.scot

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

Published by The Scottish Government, October 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA
PPDAS1260482 (10/23)

W W W . g o v . s c o t